

Tabitha agus an Gobra



An teacsa Tony Langham
Na dealbhan Lynne Willey
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR

Caibideil 1

'S e cat iongantach a bha ann an Tabitha.

Bu toil leatha a bhith a' siubhal o àite
gu àite. Bu toil leatha a bhith a' faicinn
àiteachan ùra agus daoine ùra.

Latha bha siud leum Tabitha a-steach do
làraidh mhòr, gun fhios do dhuine, agus
's ann sna h-Ìnnseachan a stad i.





Stad an làraidh ann am baile beag.
Thàinig an dràibhear a-mach agus
dh'fhaighnich e càit an robh a' bhùth.
An sin leum Tabitha a-mach gun fhiosta
do dhuine agus ghabh i cuairt.

'S e latha margaidh a bha ann agus abair gun robh an t-àite trang. Bha daoine ag èigheach ainm nan rudan a bha iad a' reic. "Poitean! Bananathan! Mangothan! Cearcan!"

Bha Tabitha gu tolladh leis an acras, agus i a' falbh o stàile gu stàile a' coimhead airson rudeigin ri ithe.

'S beag for a bha aice gun robh cuideigin ga coimhead.







'S e cù a bha ann – cù às a' bhaile fhèin – agus 's ann a thòisich e air Tabitha a leantail.

Chan fhaca Tabitha an cù idir. Bha i cho trang a' lorg rudeigin a dh'itheadh i.

Ach thòisich cù eile air Tabitha a leantail.
An uair sin fear eile, agus fear eile, gus an
robh deich coin uile a' leantail Tabitha
mu chuairt a' mhargaidh.





Stad Tabitha. Thuig i gun robh rudeigin
ga leantail.

Thug i sùil air a cùlaibh. Chunnaic i cù
agus rinn esan gnùst rithe. Chunnaic i an
uair sin na coin eile uile, agus iadsan
a' gnùstaich cuideachd.

Dh'fhalbh Tabitha na ruith. Dh'fhalbh na coin às a dèidh. Ruith Tabitha air feadh a' mhargaidh. Ruith na coin às a dèidh. Bha poitean, bananathan, mangothan agus cearcan gan sadail an siud 's an seo.





Theich Tabitha sìos an t-sràid.

Bha na coin a' tighinn na b' fhaisge agus
na b' fhaisge oirre. Bha na coin a' ruith
na bu luaithe agus na bu luaithe.

Chunnaic Tabitha craobh.

Nuair a bha na coin dìreach aig
a h-earball, leum Tabitha.

Gu sgiobalta, leum i dhan chraoibh, agus
suas gu geug àrd.



Stad na coin fon chraoibh agus lean iad
orra a' gnùstaich agus a' gnùstaich.
Dh'fheuch iad ri leum suas ach bha
Tabitha ro àrd sa chraoibh. Ann an
greis bhig stad a' ghnùstaich.
Bha cuideigin ag èigheach riutha. Bha
gille an sin a' maoidheadh bata orra.
“Fhalbhaibh! Fhalbhaibh!” dh'èigh e.





Thionndaidh na coin agus theich iad.
Stad aon chù mòr agus rinn e gnùst ris
a' ghille.

Shad an gille am bata air a' chù agus
theich an cù an uair sin. Nuair a
dh'fhalbh iad, choimhead an gille suas
air Tabitha.

“Faodaidh tu tighinn a-nuas a-nis,”
thuirt e, agus shreap Tabitha sìos às
a' chraoibh.





“Miau!” arsa Tabitha.

“Tha mi ’n dòchas gum bi thu sàbhailte a-nis,” ars an gille, agus e a’ coiseachd air falbh.



Ach thòisich Tabitha air an gille a leantail.

Caibideil 2

Lean Tabitha an gille air ais tron bhaile. Chaidh an gille suas rathad beag cumhang gu taigh. Stad Tabitha agus i ga choimhead. Chunnaic i boireannach a' tighinn a-mach às an taigh. “Halò, a Mhamaidh,” ars an gille.

“Carson a tha thu cho fada gun tighinn?” thuirt i.

“Stad mi a chuideachadh cat,” thuirt Prabhain.

“An e an cat sin?” thuirt a mhàthair. Thionndaidh Prabhain agus chunnaic e Tabitha na suidhe air an rathad.





Dh'innis Prabhain dha mhàthair mar a thachair anns a' bhaile.

“Rinn thu glè cheart,” thuirt a mhàthair, “ach chan urrainn dhi fuireach an seo.”

Bha fios aig Prabhain air an sin. Bha a theaghlach glè bhochd agus cha robh mòran bìdh aca uair sam bith. Thug e sùil air Tabitha.

“Falbhaidh i co-dhiù,” thuirt e, agus chaidh e steach dhan taigh.



Ach cha do dh'fhalbh Tabitha.
Dh'fhan i sa ghàrradh fad na h-oidhche.
Cho luath 's a dhùisg i sa mhadainn
dh'fhalbh i a lorg biadh. Smaoinich i
air luch.

Choimhead i
an lùib nam
bun-lusan.
Cha robh dad ann.



An uair sin
choimhead i
air cùl an taighe.
Cha robh dad ann.



Chuir i cuairt air an taigh a-rithist.
Thug i an aire dha rudeigin a' suaineadh
a-nuas an rathad. 'S e nathair a bha
ann – cobra. Bha i mòr, ruadh agus
buidhe.

Dhìochuimhnich Tabitha mun acras
a bha oirre agus lean i an nathair.





Chunnaic Tabitha an nathair
a' slaighdeadh a-steach do rùm agus
lean i i.

Bha leabaidh am meadhan an rùim.

Bha an nathair a' slaighdeadh gu sàmhach
a-null thuice. Leum Tabitha gu sèithear.
Chunnaic i an uair sin cò bha san leabaidh.
'S e Prabhain a bha ann.

Bha an nathair a' dol na b' fhaisge agus na b' fhaisge air Prabhain agus bha fios aig Tabitha gum feumadh i rudeigin a dhèanamh. Leum i on t-sèithear chun na leapa.

“MIAOU! MIAOU!” dh'èigh i cho cruaidh 's a b' urrainn dhi. Dhùisg Prabhain. Chunnaic e Tabitha agus an nathair. Chlisg e!

Dh'èigh e, “A Mhamaidh! A Mhamaidh! Trobhadaibh sa mhionaid! Tha nathair an seo!”



Ruith màthair Phrabhain a-steach dhan rùm. Bha sguab le cas fhada aice. Gu faiceallach thog i an nathair air cois na sguaipe agus shad i a-mach air an uinneig i.

“S e an cat a dhùisg mi,” arsa Prabhain.

“Shàbhail ise mi!”

“S e cat glic a th’ innte,” thuirt a mhàthair.

“Miau,” dh’èigh Tabitha.







“Tha coltais an acrais oirre,” thuirt
màthair Phrabhain.

“An còrdadh beagan bìdh riut, a chait?”

“Miau,” fhreagair Tabitha.

Mar sin, thug Prabhain agus a mhàthair
Tabitha dhan chidsin, agus thug iad
bainne dhi.



“Tha mi a’ smaoineachadh gum faod i fuireach còmhla rinn,” arsa màthair Phrabhain.

“An cuala tu siud?” arsa Prabhain ris a’ chat.

“Chòrdadh siud riut, nach còrdadh?”


Ach nuair a thug e sùil mu chuairt cha robh sgeul air Tabitha.



Annas a' bhaile bha dràibhear na làraidh
air ais aig a' chuibhil.

Chuir e a dhol an t-einnsean agus thog e
air suas an rathad, a-mach às a' bhaile.
Cò bha an siud an cùl na làraidh ach
Tabitha!

Cha robh i a' fuireach fada an àite sam
bith oir 's e cat falbhain a bha innte.



Foillsichearan Foghlaim Heinemann
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ
earrann de Fhoghlam agus Foillseachadh Proifeiseanta Reed Earr.

OXFORD MELBOURNE AUCKLAND
IBADAN JOHANNESBURG BLANTYRE GABORONE
PORTSMOUTH NH (USA) CHICAGO

© Tony Langham 1997

A' chiad fhoillseachadh 1997
A' chiad fhoillseachadh sa Ghàidhlig 2005

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

2005, 2004, 2003
10 9 8 7

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte air MRG. Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatainn

Gheibhear clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatainn.

Tha Tony Langham a' dleasadh còir mhoralta airson a bhith air a chomharrachadh mar ùghdar na h-obrach seo.

Clò-bhuailte le Scotprint, Haddington.

LAGE/ISBN 0 86152 619 8